

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

Cuin’ a leigeas sinn seachad seann chleachdaidhean gràmair dha nach bi a h-uile duine a’ cumail an là an-diugh? Deagh cheist, gu dearbh, is chan eil freagairt agamsa air a son, ged a tha e inntinneach meòmhachadh oirre. Tha an tuiséal tabhartach iolra anns an t-suidheachadh sin. ’S e sin, mura h-eil sibh eòlach air na tuiséalan ann an Gàidhlig, an *dative plural*. An àite tuiséal tabhartach, bidh cuid ag ràdh tuiséal *roimhearach* oir bidh ainmearan as dèidh roimhear sìmplidh a’ dol don tuiséal sin.

Ann an leabhraichean is bàrdachd is òrain an naoidheamh linn deug chithear rudan mar “tha na h-eòin anns na crannaibh”, “guma slàn do na fearaibh”, “còmhdhaichte le luideagaibh”. Tha na faclan mar *crannaibh*, *fearaibh* agus *luideagaibh* anns an tuiséal thabhartach iolra, mar a bha e, le *-aibh* aig an deireadh.

An là an-diugh airson crannaibh chanamaid *crainn* no mar as trice, leis an fhìrinn innse, *craobhan* – tha na h-eòin anns na craobhan. Chanamaid *guma slàn do na fir* agus *còmhdhaichte le luideagan*. ’S e na th’ air tachairt gu bheil an seann tuiséal tabhartach iolra air a dhol à bith. Anns an t-seadh sin tha an cànan nas sìmplidhe na bha i – is bidh sibh toilichte mu dheidhinn sin, tha mi cinnteach!

Bha mi a’ smaoinichadh gu robh an tuiséal sin air a dhol à bith buileach ach gu h-iongantach, thachair mi ri fear turas a bha ga chleachdadh gu nàdarrach. Agus gabhaidh sibh iongnadh nuair a dh’innseas mi ca’ robh e a’ fuireach. Ann an Astràilia! Bha e a’ fuireach anns na Beanntan Gorma gu siar air Sydney agus ag obair mar fhear-lagh’ ann an Sydney fhèin. ’S dòcha gu bheil e a’ dèanamh sin fhathast oir cha chuala mi guth air airson greis.

Chanadh esan rudan mar *fearaibh* an àite *fir*. Agus tha cuimhne agam gun tuirt e seo turas – “Bha am Bìoball na mo làmhaibh”. Ghabh mi iongnadh aig an àm agus thuirt mi sin ris. Agus mhìnich e dhomh gur e “Gàidhlig a’ Bhìobaill” a bh’ aige, seann Ghàidhlig, oir bha e air a h-ionnsachadh bho Ghaidheil anns a’ choitheanal aige – an Eaglais Shaor – agus le bhith a’ leughadh an t-seann Bhìobaill. B’ iad na daoine na choitheanal Gaidheil à Alba agus luchd-labhairt na Gàidhlig a rugadh ann an Astràilia fhèin. Tha glè bheag dhiubhsan air fhàgail a-nise.

Tha m’ inntinn air a’ cheist seo an-dràsta oir bha mi a’ toirt sùil air an fhaclair Ghàidhlig ùr air an robh mi a-mach an t-seachdain sa chaidh – Am Faclair Gaidhlig-Beurla le Cailean Mark – agus mhothaich mi gu robh e a’ cumail ris an t-seann chruth a th’ air an fhacal *bean* anns an tuiséal thabhartach shingilte – *mnaoi*. Chanamaid a’ Bhean-phòsta NicDhòmhnaill, ach *leis a’ Mhnaoi-phòsta NicDhòmhnaill*.

Uill, ’s e sin a chanadh na seann ghinealaich, ach an là an-diugh? Cha chreid mi gu bheil mòran ga ràdh an-diugh. Chanadh a’ chuid mhòr *leis a’ Bhean-phòsta NicDhòmhnaill*. Agus tha sin a’ sealltainn cho doirbh ’s a tha e faclair a chruthachadh aig àm nuair a tha an cànan ag atharrachadh gu luath. Chuala mi fear aineolach air an rèidio an-uiridh, fear a tha fada an aghaidh na Gàidhlig airson adhbhar air choreigin, agus thuirt e gur e an rud a bu mhò a bha ceàrr oirre nach robh i ga h-ùrachadh mar chànan an là an-diugh.

Uill, tha sin cho ceàrr 's a ghabhas. Mar a ch'inn le bean is mnaoi, agus le mòran fhaclan eile, tha a' Ghàidhlig a' sìor atharrachadh mar a tha a h-uile cànan a tha beò ann an coimhearsnachd.

* * *

Faclan na seachdainne: ainmeir: *noun*; roimhear: *adjective*; coitheanal: *congregation*; an Eaglais Shaor: *the Free Church*; chanamaid: *we would say*; ginealach: *generation*; aineolach: *ignorant*; coimhearsnachd: *community*.

Abairtean na seachdainne: cuin' a leigeas sinn seachad seann chleachdaidhean gràmair: *when will we give up old grammatical usages?*; dha nach bi a h-uile duine a' cumail: *to which not everybody adheres*; tha na h-eòin anns na crannaibh: *the birds are in the trees*; guma slàn do na fearaibh: *good health to the men*; còmhdhaichte le luideagaibh: *covered in rags*; thachair mi ri fear turas: *I met a man on one occasion*; gabhaidh sibh iongnadh: *you will be surprised*; bha am Bìoball na mo làmhaidh: *the Bible was in my hands*; b' iad na daoine na choitheanal: *the people in his congregation were*; luchd-labhairt na Gàidhlig a rugadh ann an Astràilia: *Gaelic-speakers who were born in Australia*; tha sin a' sealltainn cho doirbh 's a tha e faclair a chruthachadh: *that shows how difficult it is to create a dictionary*; airson adhbhar air choreigin: *for some reason or another*; nach robh i ga h-ùrachadh: *it (fem.) was not being renewed*; tha sin cho ceàrr 's a ghabhas: *that is as wrong as can be*; tha X a' sìor atharrachadh: *X is continually changing*.

Puing-ghràmar na seachdainne: *The thrust of this week's letter is changes in the language eg with the dative case. The old dative plural case has now disappeared from everyday usage and some of the specialized or irregular forms of dative singular for feminine nouns are also disappearing eg mnaoi which is the dative singular of bean, a woman or wife. In modern Gaelic, people tend to say bean in the dative singular eg leis a' bhean, rather than leis a' mhnaoi. Another one which is less common than it used to be is cloich, the dative singular of clach, a stone. In many places people would still say air a' chloich but in other communities, they would say air a' chlach. Bò, cow, is another example. It has a dative singular form boin ie air a' bhoin, leis a' bhoin, but increasingly people would say today air a' bhò, leis a' bhò. Be aware of these changes when you use older dictionaries and sometimes even modern ones.*

Gnàths-cainnt na seachdainne: 'S e na th' air tachairt gu bheil an seann tuiséal tabhartach iolra air a dhol à bith: *what has happened is that the old dative plural case has gone out of existence*. Tha X air a dhol à bith: *X has become extinct, gone out of existence*.

* "*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig